

NA DUILLÉAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2020 | 4 | AN DÙBHLACHD



Facal Toisich

Aig ceann bliadhna a tha air a bhith gu tùr neo-àbhaisteach, tha Nollaig neo-àbhaisteach fo ar comhair. Aig an àm sgrìobhaidh, chan eil sinn buileach cinnteach dè na riaghailtean a bhios ann aig àm na Nollaige, ach tha a h-uile coltas ann gum bi sinn fo chung fhathast.

Tha gach coltas ann nach bi teaghlachan cruinn mun bhòrd le seann-pàrantan is co-oghaichean, nach bi seirbheisean le laoidhean gan gabhail am broinn na h-eaglaise air Oidhche na Nollaige, nach bi sinn a' falbh a chèilidh air nàbaidhean air Oidhche Challainn, mar as àbhaist dhuinn.

'S e suidheachadh doirbh a tha sin. Tha na nithean seo uile cudromach ann am beatha ar coimhearsnachdan agus ar càirdeasan, ann an ruitheam na bliadhna, mar gum biodh. Ged a tha fhios againn gu bheil e ciallach na rudan sin a sheachnadh am bliadhna-sa air sgàth ar slàinte agus slàinte dhaoine eile, tha e nadarra gum bi sinn gan ionndrainn, agus a' faireachdainn gun do thug an saoghal car asainn, mar a thuir am bàrd.

Cuimhnicheamaid, ged-tà, firinn na Nollaige: gun tàinig Dia dhan talamh, gun deach a dhèanamh na fheòil agus gun do ghabh e còmhnaidh nar measg. Thàinig e gar sireadh agus gar teàrnadh, agus dàimh ùr a chur air dòigh eadar sinn agus ar Dia, agus eadar sinn agus ar co-creutairean. Thàinig e mar sholas anns an dorchadas, agus tha an solas fhathast ann, fhathast a' deàrrsadh, a dh'aindeoin dorchadais agus mì-chinnt ar latha-ne.

Thoiribh an aire oirbh fhèin, a chàirdean, air ur càirdean agus air ur coimhearsnachdan. Beannachdan na Nollaige agus Beannachdan na Bliadhna' Ùire leibh uile.

Liam Alasdair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Dealbh



© M J Richardson air a chleachdadh fo chead CC

Seo an carragh-cuimhne do Mhàiri Dhòmhnallach às an Àrd Tunna ann am Muile. An-diugh, tha aithne aig mòran air feadh an t-saoghail air an òran Ghàidhlig a rinn i, 'Leanabh an Àigh', o chaidh a chur gu Beurla san 19mh linn. B' e bana-bhàrd chomasach a bh' ann am Màiri, a rinn iomadh òran agus laoidh. Bha creideamh glè làidir aice agus thug sin treòir dhi tro 'beatha dhoirbh dhoilgheasach ann an linn nach robh idir furasta no cinnteach. Ged as ann faisg air Bun Easain a tha a carragh-cuimhne, bha ise agus a duine a' fuireach air grunn làraichean timcheall an Rois Mhuilich on a bha mòran bhailtean gam fàsachadh.

Gàidhlig Shìmplidh

Cha mhòr nach eil ar beathannan gu tur air loidhne am bliadhna-sa. Bha Àrd Sheanadh Eaglais na h-Alba air loidhne. Bha am Mòd air loidhne cuideachd. Tha seirbheisean eaglaise air loidhne. Tha mòran againn beò on taigh – le coinneamhan, clasaichean, deasbadan agus tachartasan de gach seòrsa air Zoom, Skype agus Teams. Cha chuala mise sgeul air Zoom gus an do thòisich 2020, agus a-nis aig ceann na bliadhna abair gu bheil mi seachd searbh sgìth dheth gu tric! Tha e math gu bheil a leithid ann de ghòireas a leigeas leinn coinneachadh, sgapte ged a tha sinn o chèile. Ach tha e cudromach cuideachd gun gabh sinn fois dheth, gun cuireamaid beagan tìde seachad le leabhar, no iris, no a-muigh ann an nàdar. Dh'inns mo mhàthair dhomh gu tric nuair a bha mi òg nach robh e math dom shùilean coimhead air sgrìon fad an latha a h-uile latha, agus tha sin a cheart cho fìor do dh'inbich!

Beagan taic

Àrd Sheanadh – General Assembly
Cha chuala mise sgeul air X – I had never heard of X
seachd searbh sgìth – utterly fed up
a leigeas leinn – which allows us
ceann na bliadhna – the end of the year

Searmon Beag

Ann an toiseach bha am Facal, agus bha am Facal còmhla ri Dia, agus b' e am Facal Dia. Bha e còmhla ri Dia ann an toiseach. Chaidh a h-uile rud a dhèanamh troimheasan; agus às aonais-san cha deach aon rud a dhèanamh a chaidh a dhèanamh. Annsa bha beatha, agus b' i a' bheatha solas dhaoine. Tha an solas a' soillseachadh ann an dorchadas, ach cha tug an dorchadas buaidh air. (Eòin 1:1 – 5, san Eadar-theangachadh Ùr)

Tha na faclan seo aig toiseach an t-soisgeil a rèir Eòin am measg nam facal as bòidhiche

agus cumhachdaiche 's a tha againn anns na Sgrìobtairean air fad. Bidh sinn gan leughadh iomadh turas, gu h-àraidh aig an àm seo dhen bhliadhna. Ach tha mi a' smaoinneachadh gu bheil amannan ann far a bheil ar n-aire ar fad air an ìomhaigh iongantach – *solas a' soillseachadh anns an dorchadas* – agus nach eil sinn a' toirt aire gu leòr air na tha Eòin ag ràdh mun *Fhacal*, agus na sin a' ciallachadh mu nàdar Ìosa – agus mu nàdar na Trianaid.

Oir b' e an rud a thachair aig teachd Ìosa, gun tàinig Facal Dhè ann an da-rìreadh ann an cruth na feòla. Nach iongantach sin! B' e faclan a labhair Dia – *Biodh solas ann...* (Genesis 1:3) – a chruthaich an toiseach gach rud. Chruthaich e gach nì a rèir a thoile fhèin, le Fhacal fhèin, agus thàinig Fhacal ann an cruth an duine gum biodh e na sholas dhuinn! Chan ann a-mhàin (“a-mhàin”!) gun tàinig am Facal a bha còmhla ri Dia anns an toiseach ann an cruth an duine, le feòil chumanta mar a tha againn uile, ach b' e sin an aon Fhacal a labhradh ri Maois agus ris na Fàidhean ann an eachdraidh sluagh Dhè, gan teagasg, gan treòrachadh agus gam brosnachadh. Nuair a labhair guth Dhè ri Maois às a' phreas lasrach, agus thuirt e, *IS MI AN TÌ AS MI* – b' e Facal Dhè sin (Ecsodus 3:14). B' e Facal Dhè a bh' anns an lagh naomh, a dhealbhaich beatha sluagh Dhè. Tha sinn a' leughadh uair agus a-rithist anns na fàistneachdan, *Thàinig Facal an Tighearna gu Iona* (Iona 1:1); *Facal an Tighearna, a thàinig gu Micah am Morastach* (Micah 1:1); *Thàinig facal an Tighearna gu Sechariah* (Sechariah 1:1); *Fàistneachd Facal an Tighearna a-chum Israeil, le Malachi* (Malachi 1:1).

Is beag an t-iongadh, nuair a thuig Sìmon Peadar gun robh e ann an làthaireachd an Fhacail seo – am Facal Naomh seo tron deach a h-uile nì a chruthachadh, am Facal Naomh seo a dhealbhaich eachdraidh a nàisein fhèin, am Facal Naomh seo a dhealbhaich an dàimh eadar an Cruithear agus a chreutairean – gun do thuit e sìos aig glùinean Ìosa, ag ràdh, “*Theirig air falbh uamsa, a Thighearna, oir is e duine peacach a th' annam.*” (Lùcas 5:8)

Cha mhòr nach eil e do-thuigsinneach dhuinn gun tàinig am Facal seo ann am feòil an duine, agus mar sin, *mar dhuine agus mar Dhia*. Bha e nar measg – gu corporra, chan ann a-mhàin gu spioradail – air an talamh. Bha e sgìth mar a tha sinn sgìth. Bha an t-acras air mar a tha e oirnn.

Agus tro 'làthaireachd anns an fheòil, naomhaich e an fheòil, naomhaich e nàdar an duine tro bhith a' gabhail pàirt ann an nàdar an duine. Agus tha am Facal sin, a tha againn anns na Sgrìobtairean, air a bheil an Spioraid a' soillseachadh a sholais, fhathast gar gairm gu ruige an naomhachd sin, gus pàirt a ghabhail ann am beatha ùr naomh a Rìoghachd-san. Tro bheatha agus fhèin-ìobairt agus a bhuidh air a' bhàs, naomhaich e an fheòil, agus rinn e comasach dhuinn – creutaran feòlmhor – tighinn a dh'ionnsaigh Dhè. Tha Ìosa ag innse dhuinn, *Tha sibhse glan mu thràth tron fhacal a tha mi air a ràdh ribh* (Eòin 15:3). Gabhamaid ris an Fhacal sin! Èisteamaid, a chàirdean, ma chluinneas sinn am Facal a' bruidhinn rinn agus gar gairm an-diugh!

Cleachdadh na Gàidhlig ann an Eaglais nan Eileanan

Shaoil sinn gum biodh e iomchaidh dhuinn iomradh a thoirt air cor na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar agus na tha sin a' ciallachadh dhuinn mar luchd na h-eaglaise. Gu o chionn ghoirid, b' i an eaglais clach-oisne a' chànain 'na coimhearsnachdan fhèin. Gur gann a bha coitheanal eadar Bhatarsaigh agus am Buta Leòdhasach anns nach cluinneadh tu na sailm agus na laoidhean gan gabhail gu grinn air gach Sàbaid sa bhliadhna. Tha fhios againn gu bheil sin air atharrachadh gu mòr. Ach chan e sìor-sheargadh a dh'fheumte a bhith an dàn don chànain na chuid bhunaitean. Tha e mar fhiachan oirnn uile aig a bheil meas is gean dhan Ghàidhlig oidhirp a dhèanamh gus a cleachdadh agus a cumail an-àirde. Chan eil àrainn ann a tha cho freagarrach ris an eaglais airson a' Ghàidhlig a chur air a cois. Nach eil iomadh dòigh anns am faodamaid barrachd Gàidhlig a thoirt a-steach don adhradh againn gach seachdain? Fiù 's gu didsiteach! Mar sin dheth, tha luchd-deasachaidh nan duilleagan seo gur brosnachadh gus còmhradh a chumail nur n-eaglaisean air ciamar a ghabhas a' Ghàidhlig a thoirt a-steach dhan adhradh choitcheann gach seachdain. Dh'fhaodadh sin a bhith san t-searmon no sna laoidhean. Dh'fhaodadh e bhith san Sgoil Shàbaid. Ach dh'fhaodadh e bhith nar beathannan làitheil cuideachd: ag ùrnaigh aig an taigh no a' leughadh

nan Sgrìobtar. Mar a tha an seanfhacal ag ràdh, "is mòr am feum a nì dìcheall".

Bìoball airson na Cloinne

Tha barrachd sgeulachdan on Bhìoball aig ìre chànain a tha freagarrach do chlann a-nis rim faotainn air An Sgeul Mòr. Tha iad ann an Gàidhlig shìmplidh le dealbhan dathail, agus faodar an cleachdadh anns an taigh no anns an Sgoil Shàbaid. Chuala sinn gu bheil gan cleachdadh ann an Sgoil Shàbaid ann am Beàrnaraigh Leòdhais mar-thà. Aig an àm sgrìobhaidh, tha sia sgeulachdan ann (Breith Ìosa nam measg), ach bidh barrachd air an cur ris a dh'aithghearr. Tha iad uile rin leughadh an seo: <https://ansgeulmor.co.uk/goireasan-chloinne-2/>

Chì sibh air an duilleig sin cuideachd bhideo le dealbh-chluiche na Nollaige, air a sgrìobhadh leis an Oll Emily NicEòghainn-Fujita agus air a thoirt beò le clann ann an Alba Nuadh.

Leabhar-làimh Gàidhlig a' Bhìobail agus Gàidhlig na h-Eaglaise

Tha Eaglais na h-Alba air leabhar-làimh fhoillseachadh gus taic a thoirt do dhaoine gus Gàidhlig a' Bhìobail agus Gàidhlig na h-Eaglaise a thuigsinn nas fhasa. Tha nòtaichean air eadar-theangaichean a' Bhìobail ann cho math ri faclair beag le briathrachas eaglaiseach agus stiùireadh air gràmar agus cunntadh ("Seinnidh sinn anns an treas salm deug thairis air an sia fichead..."). Bhiodh e gu feum sònraichte do dh'òganaich agus do luchd-ionnsachaidh, ach cuideachd do gach neach a tha a' feuchainn ri ìre chànain na h-eaglaise a thuigsinn nas fheàrr agus a chleachdadh le misneachd. Tha e ri fhaotainn saor an asgaidh air làrach-lìn Eaglais na h-Alba: <https://www.churchofscotland.org.uk/worship/guide-to-worship-and-biblical-study-in-gaelic>

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Laoidh

Rannan bho “An leanabh na laighe sa phrasaich” le Iain Chaluum Ruaidh Mac a’ Ghobhainn (1857-1924). Tha an laoidh air fad ri fhaotainn anns an leabhar, *A’ Chulaidh as Fheàrr*, a chaidh fhoillseachadh le Bùth-leabhraichean Cràbhach Steòrnabhaigh.

Tha prasach Bhetlèhem
A’ labhairt treun a-mach
Bha gràdh ro-mhòr an t-Slànaigheir
Bha innt’ le lànachd glaist’;
Bha diadhachd agus daonachd innt’
G’ e ìosal i na dreach,
A’ phrasach mhòr tha iomraideach
Do na slòigh tha ’n seilbh sa Mhac.

Tha prasach Bhetlèhem
Ro-èifeachdach na buaidh,
Bhon sheall i gun robh làn aice
Le deàrrsadh tha bith-bhuan;
Chuir Dia bho shuas fìor làn innte,
Imànuel nan sluagh,
'S b' e ionad naomh na lànachd i,
'S àirc nan gràs innt' suas.

Tha prasach Bhetlèhem
Ro-èifeachdach na neart,
Bhon thug i stad gu treunmhor
Air an reult a bha dol thart,
An reult bha ann an dìomhaireachd
'S i tighinn gun iar gu ceart,
Rinn a’ phrasach greim oirre,
'S an Ceud-ghin innte paisgt’.

Tha prasach Bhetlèhem
Toirt nèamh is talamh cruinn
Ann an aonadh gràs mhor
Nach cuir an Nàmh na bhloighd’;
Tha ’n Dia tha sìorraidh beannaichte

San leanabh tha na broinn;
Tha rèit’ aig Dia ’s aig daoine innte,
'S neo-bhrìst 's neo-thraoight' tha 'n snaidhm.

Tha prasach Bhetlèhem
Na h-ionad naomh gu bràth,
Airson gun laigh an Tighearna
Leis an lagh ga dhìon nar pàirt;
Cha robh àit’ na b’iongantaich
Le onair lìonta 's gràdh
Na prasach Bhetlèhem
Leis a’ Mhac bho nèamh 's i làn.

Ùrnaigh

A Thighearna, tha sinn a-nis aig ceann bliadhna
nach eil idir mar bhliadhna eile nar beatha.

Tha coltas mì-sheasmhach, mì-chinnteach air
gach nì.

Deònaich, Athar, gun cuimhnicheamaid leasan
maireannach, cinnteach sgeul na Nollaige:
do ghràdh oirnn, do làthaireachd nar measg agus
firinneachd geallaidhean na slàinte dhuinn.

Doirt a-nuas air an t-saoghal, a Phrionnsa na
Sìthe, do shìth agus do chofhurtachd,
agus glèidh sinn nad làmhan.

Amen.